SIBHSE a ta gu firinneach agus gu durachdach a' deanamh aithreachais airson bhur peacainibh, agus a ta ann an gradh agus ann an iochd ri bhur coimhearsnaich, agus a rùnachadh beatha nuadh a chaitheamh, a' leantainn aitheantan Dhe agus ag imeachd o so suas 'na shlighibh naomh-san ; Thigibh am fagus agus gabhaibh an t-Sacramaid naomh so chum bhur comhfhurtachd ; agus dean-aibh bhur n-aidmheil iriosal ri Dhia Uile-chumhachdach.

¶ *An sin nithear an aidmheil choitcheionn so leis a' phobul maille ris an t-Sagart, air dhasan air tuis dol air a ghluinibh.*

¶ *At the time of the administration, the Priest shall say to them that come to receive the Holy Communion this invitation :*

YE that do truly and earnestly repent you of your sins, and are in love and charity with your neighbours, and intend to lead a new life, following the commandments of God, and walking from henceforth in his holy ways ; Draw near and take this Holy Sacrament, to your comfort : and make your humble confession to Almighty God.

¶ *Then shall this General Confession be made by the people, along with the Presbyter, he first kneeling down.*

A DHE Uile-chumhach-
daich, Athair ar
Tighearna Iosa Criosd,
Chruthadair nan uile nithe,
Bhreitheamh nan uile
dhaoine ; Tha sinn ag
aideachadh agus a' caoidh
ar peacainnean agus ar n-
aingeachd lionmhor, a chuir
sinn gu ro chraiteach ann
an gnìomh bho àm gu h-
àm le smuaintibh, briath-
raibh, agus deanadais, an'
aghaidh do Mhorachd
Dhiadhaidh ; a brosnachadh
gu ro cheart t-fheirg agus
dochorruich 'nar n-aghaidh.
Tha sinn gu durachdach a'
gabhail aithreachais, agus
tha bron o ar cridhe oirnn
air an son so ar mi-
ghnìomharan ; tha 'n
cuimhneachan orra ro
chraiteach dhuinn ; tha 'n
eallach dhiubh do-iomchair.
Dean trocair oirnn, dean
trocair oirnn, Athair ro
throcairich ; air 's gath do
Mhic Iosa Criosd, maith
dhuinn na h-uile chaidh
seachad ; agus deonaich,
gu'n dean sinn gu brath an
deigh so seirbhis thaitneach
dhuitse, ann an nuadhachd
beatha ; chum onair agus
gloir t-Ainm, tre Iosa Criosd
ar Tighearna. Amen.

¶ *An sin eridh an Sagart a
suas (neo an t-Easbuig air
dha bhi lathair) agus ga*

A LMIGHTY God, Father of
our Lord Jesus Christ,
Maker of all things, Judge of all
men ; We acknowledge and be-
wail our manifold sins and
wickedness, which we from time
to time most grievously have
committed, by thought, word,
and deed, against thy Divine
Majesty : provoking most justly
thy wrath and indignation
against us. We do earnestly
repent, and are heartily sorry
for these our misdoings ; the
remembrance of them is griev-
ous unto us ; the burden of them
is intolerable. Have mercy
upon us, have mercy upon us,
most merciful Father ; for Thy
Son our Lord Jesus Christ's
sake forgive us all that is
past ; and grant that we may
ever hereafter serve and please
thee in newness of life ; to the
honour and glory of thy Name,
through Jesus Christ our Lord.
Amen.

¶ *Then shall the Presbyter (or the
Bishop being present), stand up,
and turning himself to the people,*

thionndadh fein ris an t-sluagh labhraidh e am fuasgladh Eaglais so :

pronounce the Absolution of the Church :

DIA Uile-chumhachdach ar n-Athair neamhaidh, a gheall d' 'a mhor throcaire, maitheanas pheacainnean dhoibhsan uile a phil-eas da ionnsaidh le aithreachas cridhe agus le fìor chreidimh, gu'n deanadh e trocair oirbh ; gu maitheadh agus gu saoradh e sibh o'r n-uile pheacainnibh ; gu'n daingnicheadh agus gu'n neartaicheadh e sibh anns na h-uile mhaitheas, agus gu'n d' thugadh e sibh a chum na beatha shiorruidh tre Iosa Crìosd ar Tighearna. *Amen.*

ALmighty God our Heavenly Father, who, in His great mercy hath promised forgiveness of sins to all them who with hearty repentance, and true faith, turn unto Him. Have mercy upon you, pardon and deliver you from all your sins ; confirm and strengthen you in all goodness ; and bring you to everlasting life, through Jesus Christ our Lord. *Amen.*

¶ *An sin their an Sagart.*

¶ *Then shall the Presbyter also say,*

Eisdibh na' briathran solasach a ta ar Slanaighear Iosa Crìosd a labhairt rìusan uile a philleas gu fìrinneach d'a ionnsaidh san.

Hear what comfortable words our Saviour Christ saith unto all that truly turn to Him.

THIGIBH a m' ionnsaidh-sa sibhse uile a ta ri saothair, agus fo throm callaich, agus bheir mise dhuibh fois. *N. Mat. xi. 28.*

COME unto me, all ye that labour and are heavy laden, and I will give you rest.
S. Matt. xi. 28.

Mar sin ghradhaich Dia an saoghal, gu'n d'thug e aon ghin Mhic fein chum 's ge b'e neach a chreideas ann, nach sgriosar e, ach gu'm bi bheatha shiorruidh aige. *N. Eoin.* iii. 16.

Eisdibh mar an ceudna ciod a ta Naomh Pol ag radh.

Is fìor an ràdh so, agus is airidh e air gach aon chor gabhail ris, gu'n d'thainig Iosa Crìosd do'n t-saoghal a thearnadh pheacach. *1 Tim.* i. 15.

Eisdibh fos ciod a ta Naomh Eoin ag radh.

Ma pheacaicheas neach air bith, tha fear-tagraidh againn maille ris an Àthair, Iosa Crìosd am firean; agus is esan an ìobairt-reitich airson ar peacainibh. *1 N. Eoin,* ii. 1, 2.

¶ *An sin air do 'n t-Sagart, tionndadadh a chum na h-Altrach, aglubadh air aghluinibh, their e, na 'n ainm-san uile tha gus an comanachadh a' ghabhail, an urnaigh so na slighe iriosail gu teachd a chum a Chomanachaidh naoimh, mar a leanas.*

CHA 'n eil sinna gabhail a dhanadas oirnne fein teachd a dh-ionnsaidh do

God so loved the world, that he gave his only begotten Son, that whosoever believeth in Him should not perish but have everlasting life. *S. John* iii. 16.

Hear also what S. Paul saith.

This is a faithful saying and worthy of all acceptation, that Christ Jesus came into the world to save sinners. *1 Tim.* i. 15.

Hear also what S. John saith.

If any man sin, we have an advocate with the Father, Jesus Christ the righteous; and he is the propitiation for our sins. *1 S. John* ii. 1, 2.

¶ *Then shall the Presbyter, turning him to the altar, kneel down and say, in the name of all them that shall communicate, this Collect of Humble Access to the Holy Communion, as followeth.*

WE do not presume to come to this thy holy table, O merciful Lord, trusting in our own righteousness, but in thy

bhuird naoimh-sa, O Thighearna throcairich, a gearbsa as ar fireanteachd fein, ach ann a d' throcairean-sa ta mor agus lionmhor. Cha 'n fhiu sinn urrad 'sa spruil-each a ta fo d' bhord-sa thional; ach is tusa an Tighearna ceudna, do 'n gnà daonnan a bhì trocaireach. Deonaich dhuinn air an aobhar sin, a Thighearna ghrasail, mar so gu'n ith sinn feoil do Mhic ionmhuinn Iosa Crìosd, agus gu'n ol sinn fhuil, air chor 's gu'm bi ar cuirp pheacach air an deanadh glanle chorp ro naomh-san, agus ar n'anaman air an ionnlaid tre fhuil ro lauchmhor-san, agus gu'n gabhamaide gu siorruidh tuillidh conhnuidh annsan agus esan annainne. *Amen.*

¶ *Agus an uair a bheir e Sacramaid Cuirp Chrìosd, their e,*

CORP ar Tighearna Iosa Crìosd, a thugadh air do shon, gu'n gleidheadh e do chorp agus t-anam a chum na beatha shiorruidh.

¶ *An so their an neach a ghabhas,*

Amen.

manifold and great mercies. We are not worthy so much as to gather up the crumbs under thy table; but thou art the same Lord, whose property is always to have mercy. Grant us therefore gracious Lord so to eat the flesh of thy dear son, Jesus Christ, and to drink his blood, that our sinful bodies may be made clean by his most sacred body, and our souls washed through his most precious blood, and that we may evermore dwell in him and he in us. *Amen.*

¶ *And when he delivereth the Sacrament of the Body of Christ he shall say.*

THE Body of our Lord Jesus Christ which was given for thee, preserve thy body and soul unto everlasting life.

¶ *Here the person receiving shall say, Amen.*

¶ *Agus an Sagart neo am
Ministeir a ta liubhairt a'
chupain their e am beannach-
adh so,*

FUIL ar Tighearna Iosa
Criod a dhoirteadh
air do shon, gu'n gleidheadh
i do chorp agus t-anam a
chum na beatha shiorruidh.

¶ *An so their an neach a
ghabhas, Amen.*

¶ *And the Priest or Minister that
delivereth the cup shall say this
blessing,*

THE Blood of our Lord
Jesus Christ which was
shed for thee, preserve thy body
and soul unto everlasting life.

¶ *Here the person receiving shall
say, Amen.*

¶ *An sin their an Sagart an urnaigh bhuidheachais so, mar a leanas.*

ADHE Uile-chumhachdaich agus shior-mhaireannaich, tha sinn a' toirt buidheachais ro chridheil dhuit, a chionn gu' bheil thu a deonachadh sinne, a ghabh gu h-iomchaidh na diomhaireachdan naomh so, bheathachadh le lon spioradail cuirp agus fola ro luachmhor do Mhic Iosa Crìosd ar Slanaighear; agus 'g ar deanamh cinnteach leis a' so air do dheadhghèan agus do mhaitheas d' ar taobhne, agus gu bheil sinn 'nar fìor bhuill air ar suidheachadh ann an Corp Diomhair do Mhic, 's e sin cuideachd bheannaichte nan uile shluagh creideach: agus mar an ceudna 'nar n-oighreachan tre dhochas air do rioghachd mhaireannaich, trid toilleanas a bhais agus fhulangais ro luachmhor-san. Tha sinn gu ro umhail a' guidhe ort a nise, O Athair neamhaidh, mar so ar cuideachadh le d' ghras agus le d' Spiorad Naomh, chum gu fan sinn anns a cho'chomunn agus chompanas naomh sin, agus gu'n dean sinn gach uile dheadh oibre anns an d' aithn thu dhuinn gluasad, trid Iosa Crìosd ar Tighearna; dha-san, maille Riutsa, agus ris an Spiorad Naomh, gu'n robh gach uile onair agus ghloir, saoghal gun chrìoch. *Amen.*

¶ *An sin their ear no seinnear, Gloria in excelsis, mar a leanas.*

GLOIR do Dhia anns na h-ardaibh, agus sith air talamh, deadh-ghean do dhaoinibh. Molamaid thu, beannaicheamaid thu, aoramaid thu, gloiracheamaid thu, thugamaid buidheachas dhuit airson do

¶ *Then the Presbyter shall say this Collect of Thanksgiving as followeth,*

ALMIGHTY and ever-living God, we most heartily thank thee, for that thou dost vouchsafe to feed us who have duly received these holy mysteries, with the spiritual food of the most precious body and blood of thy Son our Saviour Jesus Christ; and dost assure us thereby of thy favour and goodness towards us; and that we are very members incorporate in the Mystical Body of thy Son, which is the blessed company of all faithful people; and are also heirs through hope of thy everlasting kingdom, by the merits of his most precious death and passion. We now most humbly beseech thee, O heavenly Father, so to assist us with thy grace and Holy Spirit, that we may continue in that holy communion and fellowship, and do all such good works as thou hast commanded us to walk in, through Jesus Christ our Lord; to whom, with the Father and the Holy Ghost be all honour and glory, world without end. *Amen.*

¶ *Then shall be said or sung, Gloria in excelsis, as followeth.*

GLORY be to God in the highest, and on earth peace, good will towards men. We praise Thee, we bless Thee, we worship thee, we glorify thee, we give thanks to thee for thy great glory, O Lord

mhor ghloir, O Thighearna Dhe, Rìgh neamhaidh, Dhe an t-Athair Uile-chumhachdaich.

O Thighearna, aoin ghin Mhic Iosa Crìosd ; O Thighearna Dhe, Uain Dhe, Mhic an Athar, a tha toirt air falbh peacainnean an t-saoghail, dean trocair oirnn. Thusa tha toirt air falbh peacainnean an t-saoghail gabh ar n-urnaigh. Thusa tha a' d'shuidhe air deas laimh Dhe an Athar, dean trocair oirnn.

Oir is tusa an t-aon naomh ; is tu an Tighearna ; is tu, O Chrìosd, maille ris an Spioraid Naomh, a ta ro ard ann an gloir Dhe an Athar. Amen.

¶ *An sin leigidh an Sagart (no an t-Easbuig ma bhios e lathair), air falbh iad leis a bheannachadh so.*

GUN gleidheadh sith Dhe, a ta os-cionn gach uile thuigse, bhur cridheachan agus bhur n-intinn ann an eolas agus ann an gradh Dhe, agus a Mhic Iosa Crìosd ar Tighearna :

Agus gun robh beannachadh Dhe Uile-chumhachdaich an Athair, a Mhic, agus an Spioraid Naoimh 'n 'tinn measg agus a' gabhail comhnuidh maille ribh a ghnath. Amen.

¶ *Do reir gnathachadh choitichion Eaglais na h-Alba faodaidh an Sagart a chaomhainneadh uiread do na Tìodhlacan Coisrigte agus a bhithfeas feumail air son commonachadh nan tinn agus muinntir eile nach b' urrainn a bhi lathair aig an fhrithéaladh anns an eaglais. (5)*

God, heavenly King, God the Father Almighty.

O Lord, the only-begotten Son Jesu Christ ; O Lord God, Lamb of God, Son of the Father, that takest away the sins of the world, have mercy upon us. Thou that takest away the sins of the world, receive our prayer. Thou that sittest at the right hand of God the Father, have mercy upon us.

For thou only art holy ; thou only art the Lord ; thou only, O Christ, with the Holy Ghost, art most high in the glory of God the Father. Amen.

¶ *Then the Priest (or Bishop if he be present) shall let them depart with this Blessing.*

THE peace of God, which passeth all understanding, keep your hearts and minds in the knowledge and love of God, and of his Son Jesus Christ our Lord :

And the blessing of God Almighty, the Father, the Son, and the Holy Ghost, be amongst you and remain with you always. Amen.

¶ *According to the universal custom of the Church of Scotland, the Priest may reserve so much of the Consecrated Gifts as may be required for the communion of the sick, and others, who could not be present at the Celebration in church. (5)*



Roimh-Badhan Iomchuidh, etc.

Latha-Nodhlaic.

Christmas Day.

An Guidhe.

The Collect.

DHE Uile-chumbachdaich, a thug dhuinn d' aon-ghin Mhic a ghabhail ar nadair air fein, agus mar aig an am so gu bhì air a bhreith le Oigh fhior-ghlan; Deonaich air dhuinne a bhì ath-ghinte, agus deanta 'nar cloinn dhuit fein le uchdmhacachd agus le gras, gu'm bi sinn gu-lathail air ar n-ath-nuadhachadh le d' Spiorad Naomh; tre an ceudna ar Tighearna Iosa Criosd, a ta beo agus a' riaghladh maille riutsa agus ris an Spiorad cheudna, sior aon Dia, saoghal gun chrìoch. *Amen.*

ALMIGHTY God, who hast given us thy only begotten Son to take our nature upon him, and as at this time to be born of a pure virgin; Grant that we being regenerate, and made thy children by adoption and grace, may daily be renewed by thy Holy Spirit; through the same our Lord Jesus Christ, who liveth and reigneth with thee and the same spirit, ever one God, world without end. *Amen.*

An Litir. Eabh. i. r. 1-12.

The Epistle. Heb. i. v. 1-12.

An Soisgeul. Eoin i. r. 1-14.

The Gospel. John i. v. 1-14.

Anns an Roimh-radh.

In the Preface.

DO bhrìgh gu'n d' thug Thu t-aon ghin Mhic Iosa Criosd, gu bhì air a bhreith
* Fad seachd laithibh an deigh Nodhlaic, abair "mar aig an am so." (*mar air an la so) air ar son-ne; An Ti tre fheirtibh an Spiorad Naomh, a rinneadh na fhìor dhuine do bhlagh a Mhathar an Oigh

BECAUSE thou didst give Jesus Christ, thine only son to be born (as on this day)* for us; who, by the operation of the Holy Ghost, was made very man of the substance of the blessed Virgin Mary, his
* During the seven days after Christmas, say, AS AT THIS TIME.

bheannaichte Muire; agus sin gun smal peacaidh, chum sinne ghlanadh o gach uile pheacadh. Uime sin maille ri Ainglibh. (t. d. 13.)

Latha-Caisg.

An Guidhe.

DHE Uile chumhachdaich, tre d' aon-ghin Mhic Iosa Criosd, a thug buaidh air a bhas, agus a dh' fhosgail dhuinne geata na beatha maireannaich; Guidheamaid ort gu h-umhail, mar a ta thu 'gar stiuradh le d' ghras sonraichte, gu'n cuir thu deagh thograidh 'nar n-inntinibh; ionnas le d' shior chomh-nadh gu'n toir sinn an ni ceudna na deagh eifeachd; tre Iosa Criosd ar Tighearna, a ta beò agus a' riaghladh maille riutsa agus ris an Spiorad Naomh, sior aon Dia, saoghal gun chrìoch. *Amen.*

An Litir. Col. iii. r. 1-7.

An Soisgeul. Eoin. xx. r. 1-10.

Ann an Roimh-radh.

ACH gu h-araid tha mar fhìachamh oirnn Thusa mholadh airson Aiseirigh ghlormhor do Mhic Iosa Criosd ar Tighearna: oir is Esan am Fìor Uan Caisg a dh-Iobradh air ar son-ne, agus a thug air falbh peacadh an t-saoghail, an Tì, le bhas fein, a sgrios am bas, agus le Eiridh a ris chum beatha, 'dh-aisig dhuinne bheatha shiorruidh. Uime sin maille ri Ainglibh, &c., (t. d. 13).

Latha Dol-Suas Chrìosd.

An Guidhe.

DEONAICH, guidheamaid ort, Dhe Uile-chumhachd-

Mother; and that without spot of sin, to make us clean from all sin. Therefore with Angels, &c. (p. 13)

Easter Day.

The Collect.

ALMIGHTY God, who through thine only-begotten Son Jesus Christ has overcome death, and opened unto us the gate of everlasting life; We humbly beseech thee, that, as by special grace preventing us, thou dost put into our minds good desires; so by thy continual help we may bring the same to good effect; through Jesus Christ our Lord, who liveth and reigneth with thee and the Holy Ghost, ever one God, world without end. *Amen.*

The Epistle. Col. iii. v. 1-7.

The Gospel. John xx. v. 1-10.

In the Preface.

BUT chiefly are we bound to praise thee for the Glorious Resurrection of thy son Jesus Christ our Lord: for he is the Very Paschal Lamb which was offered for us, and hath taken away the sin of the world; who, by his death, hath destroyed Death, and by his Rising to Life again, hath restored to us everlasting life. — Therefore with angels, &c. (p. 13)

Ascension Day.

The Collect.

GRANT, we beseech thee, Almighty God, that like

aich, amhuil mar a ta sinn a' creidsinn gu'n deachaidh d' aonghin Mhic ar Tighearna Iosa Criosd suas gus na neamhan; mar sin gu'n teid sinne mar an ceudna ann an cridhe agus ann an inntinn suas do'n ionad cheudna, agus gu'n gabh sinn do ghnath comhnuidh maille risan, a ta beo agus a' riaghladh maille riutsa agus ris an Spiorad Naomh, aon Dia, saoghal gun chrìoch. *Amen*

Air son an Litir. Gníomh i. 1-11

An Soisgeul. Marc xvi. 14-20.

Ann an Roimh-radh.

TRE do Mhic ro ionmhuinn Iosa Criosd ar Tighearna: an deigh aiseirigh ro ghlormhor a nochdadh gu follaiseach d'a abstolai bh uile, agus a chaidh 'nan sealladh suas gu neamh a dh' ullachadh ionaid air ar sonne; chum far am bheil esan, gu'n reachamaid suas mar an ceudna, agus gu'n riaghlamaid maille ris-san ann an gloir. Uime sin sin maille ri Ainglibh, &c. (t. d. 13)

Domhnach na Caingis.

An Guidhe.

DHE, a theagaisg cridheachan do shluaigh fhirinneach, le solus do Spioraid Naoimh a chur g'an ionnsaidh mar anns an am so; Deonaich dhuinne leis an Spiorad cheudna tuigse cheart a bhi againn anns na h-uile nithibh, agus gu siorruidh tuille gairdeachas a dheanamh 'na chomhfhurtachd naomh; tre mhaitheis Iosa Criosd ar Slanaighear, a ta beo agus a' riaghladh maille riutsa, ann an aonachd an Spioraid cheudna, aon Dia, saoghal gun chrìoch. *Amen.*

as we do believe thine only-begotten son our Lord Jesus Christ to have ascended into the heavens; so we may also in heart and mind thither ascend and with him continually dwell, who liveth and reigneth with thee and the Holy Ghost, one God, world without end. *Amen.*

For the Epistle. Acts i. 1-11.

The Gospel. Mark xvi. 14-20.

In the Preface.

THROUGH thy most Dearly-beloved Son Jesus Christ our Lord: who, after his Most Glorious Resurrection, manifestly appeared to all his apostles, and, in their sight, Ascended up into heaven, to prepare a place for us; that where he is, thither might we also ascend, and reign with him in Glory.—Therefore with Angels, &c., (p. 13).

Whitsun Day.

The Collect.

GOD, who as at this time didst teach the hearts of thy faithful people, by the sending to them the light of thy Holy Spirit; Grant us by the same Spirit to have a right judgment in all things, and evermore to rejoice in his holy comfort; through the merits of Christ Jesus our Saviour, who liveth and reigneth with thee, in the unity of the same Spirit, one God, world without end. *Amen.*

Air son an Litir. Gnìomh ii. 1-11.

An Soisgeul. Eoin xiv. 15-31.

Annas an Roimh-radh.

TRID Iosa Criosd ar Tighearna; an Ti a reir a gheallaidh ro thirineach, a chuir an Spìoad Naomh a nuas o neamh (* mar air an la so) le mor fhuaim obainn mar gu'm bitheadh gaoth near-thhor, ann an cosmhalachd teangannan teinteach air na h-Abstolaibh, ga'n teagasg, agus g'an treorachadh a chum gach uile fhirinn, a' tabhairt dhoibh araon tiodhlachd chaochladh chainntean, agus mar an ceudna danachd maille ri eud durachdach chum sior shearmonachadh an t-Soisgeil do na h-uile chinnich; leis a' bheil sinn air ar toirt a mach a dorchadas agus a mearachd, a chum an t-soluis shoilleir, agus fìor eolas ortsa, agus air do Mhac Iosa Criosd. Uime sin maille ri Ainglibh, &c. (t. d. 13)

Domhnach na Trìonaid.

An Guidhe.

DHE Uile-chumhachdaich agus shìor-mhaireannaich, a thug gras dhuinne do sheirbhisich le aidmheil creidimh fìrinneach a dh'aideachadh gloir na Trìonaid shìorruidh, agus ann an cumhachd na Morachd Dhiadhaidh a dh'aoradh na h-Aonachd; Guidheamaid ort, thusa g'ar gleidheadh gu dìon-gmhalta anns an chreidimh so, agus gu sìorruidh tuille ar didean o na h-uile amhgharaibh, bho'n 's tusa a ta beo agus a' riaghladh, aon Dia, saoghal gun chrìoch. *Amen.*

For the Epistle. Acts ii. 1-11.

The Gospel. John xiv. 15-31.

In the Preface.

THROUGH Jesus Christ Our Lord; according to whose most true promise, the Holy Ghost came down* (as * During the six days after Whit-Sunday, say, as AT THIS TIME. on this day) from heaven with a sudden great sound, as it had been a mighty wind, in the likeness of fiery tongues, lighting upon the Apostles, to teach them, and to lead them to all truth; giving them both the gift of divers languages, and also boldness with fervent zeal constantly to preach the Gospel unto all nations; whereby we are brought out of darkness and error, into the clear light and true knowledge of thee, and of thy Son Jesus Christ.—Therefore with Angels, &c., (page 13).

Trinity Sunday.

The Collect.

ALMIGHTY and ever-lasting God, who hast given unto us thy servants grace by the confession of a true faith to acknowledge the glory of the eternal Trinity, and in the power of the Divine Majesty to worship the Unity; We beseech thee, that thou wouldest keep us steadfast in this faith, and evermore defend us from all adversities, who livest and reignest, one God, world without end. *Amen.*

Air son an Litir. Taisb. iv. 1-11.

An Soisgeul. Eoin iii. 1-15.

Annas an Roimh-radh.

A TA maille ri d'Aonghin Mhic agus an Spiorad Naomh aon Dia, aon Tighearna; cha 'n ann a t-aon Phearsa amhain, ach tri Pearsannan ann an Aon Bhlagh. Oir an ni sin a ta sinn a' creidsinn mu ghloir an Athar, an ni ceudna tha sinn a' creidsinn mu ghloir a' Mhic, agus an Spioraid Naomh, gun diuthar no eadar-dhealachadh sam bith. Uime sin maille ri Ainglibh, &c. (t. d. 13)

Festid Choisrigeadh an Eaglais.

An Guidhe.

O DHE a ta deonachadh dhuinn gach bliadhna a gnath-chuimhnicheadh latha a choisrigeadh do thaigh naomh so: Eisd ri urmaighean do shluaigh, agus deonaich dhoibhsan uile a ta a tighir'n a steach do'n teampull so a dh' aslaicheadh do bheanneachadh gum faigh iad an iarrais chum an sabhaladh fein agus chum ghloir d'ainm, Trid Iosa Crìosd ar Tighearna a ta beo agus a riaghladh maille riutsa agus ris an Spiorad Naomh, Dia, saoghal gun chrìoch. *Amen.*

Airson an Litir. Taisb. xxi. 2-15.

An Soisgeul. Luc xix. 1-10.

Annas an Roimh-radh.

A TA soillsicheadh an eaglais so naomhaichte do d-Ainm, agus a chuireadh i

For the Epistle. Rev. iv. 1-11.

The Gospel. John iii. 1-15.

In the Preface.

WHO with thy only-begotten Son and the Holy Ghost art one God, one Lord; not one only Person, but three Persons in one substance. For that which we believe of the glory of the Father, the same we believe of the Son, and of the Holy Ghost, without any difference or inequality. Therefore with Angels, &c. (p. 13)

Fest of the Dedication of the Church.

The Collect.

O GOD who dost grant us yearly to commemorate the consecration day of this thy holy house: hear the prayers of thy people, and grant that all who enter this temple to implore thy blessing may obtain their petitions to their salvation and to the glory of thy name, through Jesus Christ our Lord who liveth and reigneth with thee and the Holy Ghost, God, world without end. *Amen.*

The Epistle. Rev. xxi. 2-5.

The Gospel. Luke xix. 1-10.

In the Preface.

WHO enlightenest this church dedicated to thy name, and sendest it from

o neamh do'n talamh air a sgeadachadh le subhailcean diomhar. Oiris i so, O Thighearna, mathair nam beo, a bheatha agus saorsa dhoibhsan a ta creidsinn annadsa. Is i so a Bhean-bhainnse d'Uansa sgiamaichte leis a ghloir neonach Fhein, air a sgath-se, O Athair as ro-throcairich, d'Aon-ghin dh' fhuiling a chrois agus thug e buaidh air an eascaraid. Uime sin i nis suidhichte aig do dheas laimh ann ionadaibh neamhaidh, agus sgeadaichte le ionracas a fir-aiteachaid chasguir i'gachanaich do Mhorachd ann an laoidh trihillteach. Uime sin, maille ri Ainglibh, &c., (t. d. 13)

heaven to earth adorned with mystical virtues. For this, O Lord, is the mother of the living, the life and salvation of those that believe in thee. This is the Bride of Thy Lamb, decked with His own wondrous glory, for whose sake, O most merciful Father, thine Only-Begotten endured the cross and conquered the adversary. Wherefore she now set on thy right hand in heavenly places, and adorned with the righteousness of her citizens, ceases not to invoke thy majesty in the three-fold hymn. Therefore with angels. &c. (p. 13)



Gineachadh.

(1) *Ann aite suim an lagh tha am Ministear ag radh air uairibh na Deich Aitheantan ; agus an deigh gach h-aon an sluagh a freagairt : “ Lord have merey upon us, and incline our hearts to keep this law.” Agus an deigh na deich : “ Lord have merey upon us, and write all these thy laws in our hearts, we beseech thee.”*

(2) *An uair a sheinneas iad eadar an Lilir agus an Soisgeul leanaidh an Laoidh neo Seeuens air laithaibh naomh mach as a Charras, agus air Di-domhnaichean de 'n Teachd, an deigh Caisg, agus an deigh na Trionaid.*

(3) *Ann an aiteachan se e gnathachdh ag radhainn an deigh an t-Soisgeul : “ Thanks be to thee, O Lord, for this thy glorious Gospel.” Tha so na cleachduinn diadhaidh agus a ciallachadh gu maith, ach airson moran reusonean cha gabh e moladh. An t-Aon freagairt bu chor a bhli do bhriatharaibh an Tighearna : “ CREIDEAM.”*

(4) *Tha e cleachduinn saobh-chrabhach agus ur, agus cha'n eil e air ordughadh le Eaglais na h-Alba no Shasun, chum Criosdaidheanan leis nach aill Comonnachadh a gabhail air an latha sin a dhol a mach as an eaglais aig a chuid so do'n sheirbhis (i.e., an deigh an Ofrail). Bu chor do na h-uile, sean agus og, fuireach a stigh anns an eaglais a gabhail pairt anns an t-seinn, agus airson urram spioradail.*

(5) *An uair a bheir an Sagart an Sacramaid naomh do'n t-sluagh mach as am frithealadh fosgailte anns an eaglais faodaidh e gnath-aicheadh an t-Ordugh roimh-ainmichte a toiseachadh aig na briathran : Sibhse a ta gu firinneach, etc., agus an deigh an Commonachadh their e Urnaigh Bhuidhcachais leis a Bheannachadh : Gu'n gleidh sith Dhe, etc. ; mar anns an Dreuchd airson an Eucariosd.*

CRIOCH.



ERRATA.

In the third Rubric, on page 12, for "*An nair an Sagart a chuireas,*" etc., read "*An nair a chuireas an Sagart,*" etc.

On page 34, 7th and 8th lines from top, for "*leis a ghloir neonach Fhein,*" read "*le gloir iongantach Fhein.*"



